

Tuath-ghaoithe Uisenis

Cuireadh gu Taisbeanadh Poblach
20–23 am Màrt 2023

Tha Uisenis Power Limited a' cur air adhart phlanaichean gus Tuath-Ghaoithe Uisenis a tha am beachd air Oighreachd Eisgein a thoirt air adhart.

Bha sinn taingeil do mhuintir na sgìre a thug seachad na beachdan aca air na molaidhean a bh' againn san t-Samhain 2022. Chaidh barrachd adhartais a dhèanamh air planaichean Tuath-Ghaoithe Uisenis (a tha na h-ath-leasachadh de Thuath-Ghaoithe Mhuaitheabhal a fhuair aonta), agus tha sinn airson cothrom eile a thoirt dhuibh ur beachd a thoirt seachad mus cuir sinn a-steach iarrtas-planaidh.

'S e ath-dhealbhadh de Thuath-Ghaoithe Mhuaitheabhail a fhuair aonta mur thràth a th' ann an Tuath-Ghaoithe Uisenis le àireamh nas lugha de thurbhainean-gaoithe nas motha.

Ar Gealltanais don Choimhearsnachd

Tha Eurowind Energy a' creidsinn gur e cumhachd ath-nuadhachail an roghainn fhollaiseach airson an àm ri teachd seach roghainn am measg roghainnean eile.

Mar phàirt den dealas againn a dhèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine buannachd à àm ri teachd nas glaine agus nas uaine, tha Eurowind Energy gu mòr a' feuchainn ri conaltradh a dhèanamh ri coimhearsnachdan san sgìre gus dòighean a lorg a nì cinnteach gum bi buannachd dheimhinneach ann dhaibh a bharrachd air an dealan a thèid a chruthachadh. Tha ùidh aig Eurowind Energy ann a bhith a' cur ri coimhearsnachdan na sgìre agus a bhith a' trusadh sheirbheisean aig ìre ionadail.

Tha sinn airson ur beachd a chluinntinn mu chiamar as urrainn do Thuath-ghaoithe Uisenis agus Eurowind Energy taic a chumail ri coimearsnachdan ionadail. Mar sin, nach tig sibh gu aon de na taisbeanaidhean againn?

Tachartasan Poblach Buail a-Steach

Bidh sinn a' cumail ceithir tachartasan coimhearsnachd buail a-steach far am bi buill bho sgioba pròiseict a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh mun phròiseact agus a' freagairt nan ceistean agaibh:

Dilùain 20 am Màrt 2023 4f – 7.30f

Comunn Eachdraidh Cheann an Loch,
Ionad Coimhearsnachd, Baile Ailein HS2 9PN

Dimàirt 21 am Màrt 2023 4f – 7.30f

Ionad Ravenspoint, Cearsiadar,
Ceann a Deas nan Loch HS2 9QA

Diciadain 22 am Màrt 2023 2023

4f – 7.30f

Comann Coimhearsnachd Ceann a Tuath nan Loch,
Liurbost HS2 9NU

Diardaoin 23 am Màrt 2023 4f – 7.30f

Talla Baile Steòrnabhagh, 20 Mol a Deas,
Steòrnabhagh HS1 2BJ

Cha tèid agaibh ri thighinn gu Taisbeanadh Poblach?



Freagraibh air-loidhne

Theirigibh gu: <https://eurowindenergy.com/uk/our-projects/uisenis-wind-farm> gus planaichean fhaicinn, foirm fios-air-ais a luchdadh a-nuas agus sin a thilleadh thugainn tro phost-dealain.



Freagraibh sa phost

Tillibh am foirm fios-air-ais thugainn aig
**Eurowind Energy, 39 St Vincent Place,
1st Floor, Glasgow, G1 2ER**



Freagraibh tro phost-dealain

Cuiribh post-dealain gu
uisenis@eurowindenergy.com

Dèanaibh cinnteach gum faigh na freagairtean
agaibh thugainn ro **DHIHAOINE 14 an Giblean 2023.**

**Gèarr-chunntas
Pròiseict**



Àireamh de
thurbainean:
thathar a'
moladh suas ri
25 turbainean



Àirde bàrr nan
turbainean: suas
ri **205 meatair**




Comas
cumhachd a
chruthachadh
nuair a tha iad
an sàs: mu
189 MW



Cruthachadh
declaim: co-
ionann ri
mu **105,000**
taighean gach
bladhna*



Maireannachd
na tuath-
gaoithe: suas ri
40 bliadhna



Tachartasan Poblach Buail a-Steach

Bidh sinn a' cumail ceithir tachartasan coimhearsnachd buail a-steach far am bi buill bho sgioba pròiseict a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh mun phròiseact agus a' freagairt nan ceistean agaibh:

Diluain 20 am Màrt 2023

4f – 7.30f

Comunn Eachdraidh Cheann an Loch,
Ionad Coimhearsnachd, Baile Ailein
HS2 9PN

Dimàirt 21 am Màrt 2023

4f – 7.30f

Ionad Ravenspoint, Cearsiadar,
Ceann a Deas nan Loch HS2 9QA

Diciadain 22 am Màrt

2023 2023

4f – 7.30f

Comann Coimhearsnachd Ceann a
Tuath nan Loch, Liurbost HS2 9NU

Diardaoin 23 am Màrt

2023 4f – 7.30f

Talla Baile Steòrnabhaigh, 20 Mol a
Deas, Steòrnabhagh HS1 2BJ

* Stèidhichte air figearan DECC agus Digest of UK Energy Statistics (DUKES), a bhios a' suileachadh cleachdadh dealain taighe cuibheasach san RA de 3,910KWh agus factar lùd air-tìr (onshore load factor) cuibheasach san RA de 27%, a' cleachdadh 25 turbainean le comas de 189 MW gu lèir.